


Paragraf


Carson?

Bidh sinn a' cleachdadh paragraf ùr airson beachd-smuain ùr a thòiseachadh.

Mas e sgeulachd a tha sinn a' sgrìobhadh bu chòir dhuinn paragraf ùr a thòiseachadh aig na h-amannan a leanas:



gnìomh ùr



Eisimpleir:

Bha Dòmhnall agus Ailig air a' bhàta. Bha a' mhuir gu math ciùin agus cha chluinneadh tu càil ach na faoileagan bho àm gu àm.

Leum na balaich! Dè am fuaim mòr a bha sin? Fuaim a bha a' tighinn nas fhaisge agus nas fhaisge. Chunnaic na balaich gur e heileacoptair a bha ann agus e a' dol aig astar gu math luath.

Chaidh paragraf ùr a chleachdadh ann an-seo gus sealltainn gun robh rud ùr air gabhail àite.

neach-labhairt ùr

Eisimpleir:

"Saoil dè tha air tachairt?" dh'fhaighnich Dòmhnall.

"Tha mi an dòchas nach eil cuideigin ann an suidheachadh èiginneach" fhreagair Ailig.

Chaidh paragraf ùr a chleachdadh an-seo airson sealltainn gu robh cuideigin ùr a' bruidhinn.

àm ùr

Eisimpleir:

Nuair a ràinig na balaich na h-Eileanan Mòra bha iad uamhasach sgìth an-dèidh a bhith ag iomradh fad ceithir uairean a thìde. Rinn iad biadh agus chaidh iad dhan leabaidh gu math tràth air an oidhche sin!

Leum na balaich! Dè am fuaim mòr a bha sin? Fuaim a bha a' tighinn nas fhaisge agus nas fhaisge. Chunnaic na balaich gur e heileactair a bha ann agus e a' dol aig astar gu math luath.

Chaidh paragraf ùr a chleachdadh airson sealltainn gun robh atharrachadh ann an tìm. Ghluais e bho oidhche gu madainn.

àite ùr

Eisimpleir:

Dh'èirich na balaich ann an cabhaig agus ruith iad a-mach. Bha an heileactair a' falbh bho aon cheann den eilein chun a' cheann eile agus chuir seo dragh uamhasach air na balaich.

Rinn iad an slighe gu cabhagach gu far an robh an eathar beag aca. Dh'fheumadh iad faighinn a-mach dè bha ceàrr. Ma bha cuideigin a dhìth dh'fheumadh iad cuideachadh le bhith gan lorg. Chaidh Ailig chun na fòn-làimh aige ach cha robh bataraidh air fhàgail ann.

Chaidh paragraf ùr a chleachdadh an-seo airson sealltainn gu robh iad a' gluasad gu àite ùr.

Ma tha thu a' sgrìobhadh leabhar-là, litir no sgeulachd cleachd paragrafan airson na beachdan agaibh a chur ann an deagh òrdugh.